

[Page 40 - Dan Angus Beaton: "Colainn gun Cheann"](#)ISSUE : [Issue 45](#)

Published by Ronald Caplan on 1987/6/1

Colainn gun Cheann continued from page 39 Bha i aige an uairsin agus thuir i ris, "Leig as mi nis 's cha chuir mi trioblaid air duine tuilleadh." "Chan eil sin dol a dheanamh a' ghriothaich idir," thuir esan, "tha mise dol 'gad thoirt a dh'ionnsaidh an dannsa." Chuir e air a ghualainn i agus dh'fhalbh e leithe. Chaidh e "cross" a' bheinn leithe 's ruig e'n tigh dannsa, null 'san oidhche. Bha i ag ochanaich 'sa gearain gun a toirt ann, ach thug e ann i co dhiubh. Dar a ruig e, thainig a h-uile duine bh'anns an tigh amach a choimhead a' chul-aidh uamhais a bh'aige. Cha b'urrainn dhaibh a thuigsinn no cha mhor a chreid-sinn gun gabhadh leithid a bhith, gun a shealltainn dhaibh gun robh i aige. "Nis," ars esan, "tha mi dol gad' thoirt astigh dhan tigh gus am faic iad thu anns an t-solus--an rud uamhasach a bha deanamh a' chron a bha thu deanamh 'san uine bh'ann." Thuir ise ris, "Ni mise rud sam bith a dh'iarras tus air an t-saoghal--sin an rud mu dheireadh air an t-saoghal a dh'iarras mi--na toir astigh mise dhan tigh." "Mata'," thuir esan, "ni mise sin. Theid thu sios," ars esan, "anns an t-suamp ("swamp") uamhasach tha seo far nach cuir thu trioblaid air duine fads' a bhios saoghal na shaoghal, 's fuiridh tu ann gu brath. Cha teid thu air ais anns an uamh nas mo agus leis an sin far am faic a h-uile duine thu, faodaidh tu falbh air do shocair." Agus dh'fhalbh i, dha no tri throighean bho'n talamh, agus bha i gabhail ochanaich de dh'oran goirt bog, dar a bha i falbh. Tha sin na phort piobaire aca dh'ionnsaidh an lathair diugh. Mar a bha i gabhail an orain: 'S fhada bhuam fhein tha bonn Beinn Eadalainn 'S fhada bhuam fhein tha Bealach a Bhocain 'S fhada bhuam fhein tha bonn Beinn Eadalainn 'S fhada gun teagamh tha Bealach a Bhocain. Agus cha deach a cluinntinn gu brath tuil? leadh agus sin agaibh naidheachd air "Col? ainn gun Cheann." See Page 42 for "The Headless Woman and How She Got That Way" Specialists in \_\_\_\_\_ "A"W"" ""-""y"" Phone: 539-4111 f/ • I' H-eol'CCIt""\*? ? • No structural changes ytny\* -\*j .,cf • No more painting "fyiriaOW • ? • Clean from inside >:'yA'sf>V "" "" ESTIMATES 341 Welton St., Sydney SERVING ALL OF CAPE BRETON PRODUCTS LTD. WE'RE PROUD TO SHARE... Scottish and Acadian Festivals Hiking trails, picnic and camping parks Museums and heritage The warmest waters north of the Carolinas! Cottage crafts and works of art The Cape Breton Highlands National Park Fresh and salt water fishing Horse racing, canoeing, and other sports Fine accommodations, gift shops Restaurants Wildlife The Sunset Side ' I / ' of Cape Breton Requests for Visitor's Guide, brochures, and general information may be made to: Inverness County Department of Recreation/Tourism P.O. Box 179, Port Hood, N.S. BOE 2W0 (902)787-2274 ENTERTAINMENT CENTRE OF CAPE BRETON Joe's Vfeirehouse The Food Emporium Jape Breton's Newest and Largest Restaurant SPECIALIZING IN AGED PRIME CUTS OF ROAST BEEF & STEAKS & ONE OF THE MOST UNIQUE SALAD BARS IN THE MARITIMES! OPEN 7 DAYS A WEEK 'TIL 3 A.M. Live Entertainment Nightly 424 Charlotte Street 539-6686 539-0408 RESTAURANT LOUNGE (40) BANQUET FACILITIES ARE AVAILABLE